



ALBA

PASGAN-FASTAIDH

Dreuchd	Manaidhsdear PR & Margaidheachd
Cunntachail gu	Stiùiriche Susbaint
Stèidhichte	Steòrnabhadh no Glaschu
Fad	Maireannach
Deit dùnaidh	3 Lùnastal 2026 @ 12f
Agallamhan	11 Lùnastal 2026 air Microsoft Teams

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
TUAIRISGEUL OBRACH	5
SANAS & PRÒISEAS TAGRAIDH	10



Facal bhon Àrd-Oifigear ...

Tha sinn a' sireadh Manaidsear PR is Margaidheachd gus a thighinn còmhla ri MG ALBA aig àm inntinneach airson ar buidheann, ar com-pàirteachasan agus roinn nam meadhanan Gàidhlig san fharsaingeachd.

Cuidichidh an dreuchd làn-ùine, maireannach seo le bhith a' neartachadh follaiseachd, ruigsinneachd agus buaidh BBC ALBA, LearnGaelic agus SpeakGaelic. Bidh an tagraiche soirbheachail a' cumadh gnìomhachd PR agus margaidheachd a cheanglas ar branndaichean susbaint is ionnsachaidh ri luchd-amais air feadh Alba agus nas fhaide air falbh.

Bidh an dreuchd freagarrach airson neach eagraichte, cruthachail agus dìcheallach as urrainn obrachadh gu math le co-obraichean, com-pàirtichean, riochdairean, buidhnean agus luchd-aithne nam meadhanan, agus conaltradh gu soilleir sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Tha sinn a' cur fàilte air tagraichean le sgilean agus eòlas bho dhiofar àiteachan a tha airson cur ri meadhanan na Gàidhlig agus cuideachadh le bhith a' neartachadh àm ri teachd ar cànan, ar luchd-amais agus ar coimhearsnachdan.

Anns a' phasgan seo gheibh thu tuairisgeul obrach, sanas agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agad, feuch an innis thu dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte atharrachaidhean reusanta sam bith a dhèanamh a dh'fheumas tu gus làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Mu dheireadh, is i a' Ghàidhlig ar cànan obrach, agus mar sin tha feum air sàr sgilean Gàidhlig labhairteach is sgrìobhte airson na dreuchd seo.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri do thagradh.



Dòmhnall Caimbeul
24/06/2026



MG ✧
ALBA

GAEILIC FOR EVERYONE
WHEREVER YOU ARE

BBC ✧
ALBA

FILMG ➡

Learn
Gaelic

Speak
Gaelic



Manaidsear PR & Margaidheachd

Tìotal obrach	Manaidsear PR & Margaidheachd	Ìre	E1	Uaireannan seachdainneil	37
---------------	-------------------------------	-----	----	--------------------------	----

Àite Steòrnabhagh no Glaschu

Raon tuarastail £45,798 - £52,921

Cunntachail airson **BBC ALBA**

- Sgrìobhan ro-innleachd - am Plana Foillseachaidh (gus prìomhachasan margaidheachd luchd-amais a shuidhich an Stiùiriche Susbaint agus an Sgioba Coimiseanaidh a libhrigeadh)
- Sruthan-obrach - sruthan-obrach foillseachaidh air Monday.com - an inneal riaghlaidh sruth-obrach a tha MG ALBA a' cleachdadh
- Stuthan - so-mhàoin foillseachaidh (me bhidiothan, dealbhan, grafaigean, fiosan naidheachd dà-chànanach msaa)
- Buidseat - buidseat foillseachaidh airson buidhnean taobh a-muigh no taic neo-cheangailte
- Cùmhnantan - le buidhnean agus/no luchd-cruthachaidh neo-cheangailte
- Fiosrachadh/coimiseanan a-staigh - don Sgioba Foillseachadh Susbaint taobh a-staigh na companaidh

Branndaichean Ionnsachaidh

- Sgrìobhan ro-innleachd - am Plana Foillseachaidh airson Ionnsachadh (gus prìomhachasan a shuidhich an Stiùiriche Susbaint a libhrigeadh)
- Stuthan - so-mhàoin foillseachaidh Ionnsachaidh (me bhidiothan, dealbhan, grafaigean, fiosan naidheachd dà-chànanach, bathar msaa)
- Buidseat - airson coimiseanan susbaint taobh a-muigh
- Fiosrachadh/coimiseanan taobh a-staigh - do luchd-cruthachaidh stuthan goirid taobh a-staigh na companaidh
- Fiosrachadh/coimiseanan taobh a-muigh - do luchd-cruthachaidh susbaint taobh a-muigh no riochdairean neo-eisimeileach

Luchd-obrach

- 2-3 san sgioba

Cunntachail do **Stiùiriche Susbaint**

Dàimhean-obrach

Bidh an neach-dreuchd ag obair ann an sgiobaidhean Coimiseanaidh is Foillseachaidh MG ALBA, air an stiùireadh leis an Stiùiriche Susbaint (a tha cuideachd nan Ceannard Susbaint aig BBC ALBA), gu sònraichte taobh a-staigh com-pàirteachas BBC ALBA agus cuideachd a' toirt taic do chom-pàirteachas LearnGaelic agus SpeakGaelic.

Feumaidh an obair sàr sgilean conaltraidh, agus sgilean eagrachaidh is rianachd air leth, agus a' chomas co-obrachadh le luchd-obrach agus manaidsearan thar raon farsaing de raointean gnìomhachais a' gabhail a-steach Coimiseanadh, Corporra, Anailiseachd, Foillseachadh, Branndan Ionnsachaidh agus Cùisean Gnìomhachais.

Bidh dàimhean gu dìreach aig an neach-dreuchd cuideachd le cùmhnantan taobh a-muigh a' gabhail a-steach ach gun a bhith cuibhrichte gu

companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach, co-obrachaidhean aig a' BhBC a' gabhail a-steach coimiseanadh is margaidheachd, com-pàirtichean margaidheachd is PR taobh a-muigh, na meadhanan, com-pàirtichean maoinachaidh m.e. Sgrìn Alba.

Amasan

- Ruigsinneachd agus com-pàirteachadh luchd-amais de shusbaint BBC ALBA a mheudachadh
- Mothachadh air brannda BBC ALBA ann an Alba a bhrosnachadh agus a mheudachadh
- Mothachadh air branndaichean LearnGaelic agus SpeakGaelic a bhrosnachadh agus a mheudachadh

Prìomh thoraidhean

Ro-innleachd foillseachaidh èifeachdach airson BBC ALBA a bheir gu buil:

- Fàs ann an luchd-amais is conaltradh co-cheangailte ri susbaint ann an cruth fada
- Fàs san àireamh de dhaoine a tha a' coimhead bhidiothan ann an cruth goirid air ùrlaran didseatach
- Fàs ann am mothachadh brannda
- Meudachadh sna pìosan a bhios a' nochdadh sna meadhanan
- Meudachadh san fheabhas de sho-mhaoin cruth goirid
- Fàs ann an ainmeachadh airson Duaisean

Sruthan-obrach sruthlaichte agus èifeachdach

- Buileachadh phrìomhachasan a chaidh aontachadh aig àm coimiseanadh susbaint
- Fiosrachadh soilleir do luchd-cruthachaidh so-mhaoin foillseachaidh (me bhidio goirid, grafaigean)
- Conaltradh èifeachdach le riochdairean
- Tionndadh luath agus libhrigeadh ann an deagh àm oidhirp foillseachaidh air gach ùrlar

Cleachdadh èifeachdach dàta dèanadais

- Cleachd dàta bho ùrlaran didseatach agus aithisgean nam meadhanan agus PR gus fiosrachadh a thoirt do phlanadh agus co-dhùnaidhean a dhèanamh
- Thoir seachad beachdan soilleir, obrachail luchd-amais gus taic a thoirt do choimiseanairean agus do fhoillsichearan
- Cleachdadh èifeachdach de thaic chom-pàirtichean agus taic bhon taobh a-muigh
- Fàs ann an oidhirp margaidheachd is foillseachaidh a' BhBC (m.e. air iPlayer)
- Buaidhean tomhaiste bho bhith a' cleachdadh bhuidhnean (m.e. buaidh sna meadhanan)

Ro-innleachd foillseachaidh èifeachdach airson LearnGaelic agus SpeakGaelic

- Fàs ann an mothachadh brannda
- Com-pàirteachasan àrd-bhuaidh le SMO agus BBC agus com-pàirtichean eile gus na branndaichean àrdachadh

Prìomh ghnìomhan

- Plana Foillseachaidh leantainneach a chruthachadh airson BBC ALBA stèidhichte air prìomhachasan a chaidh a chomhairleachadh leis an sgioba Stiùiriche Susbaint is Coimiseanaidh

- Cur an gnìomh sruthan-obrach a’ phlana le bhith a’ cleachdadh Monday.com a’ dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachd is so-mhain foillseachaidh susbaint air an lìbhrigeadh ann an co-obrachadh, a rèir prìomhachasan is clàran-ama a chaidh aontachadh:
 - Grafaigean iPlayer, ro-roilean iPlayer, cur air rèilichean iPlayer msaa.
 - Ùrlaran sòisealta
 - Fiosan-naidheachd
 - Tachartasan airson sanasachd agus taisbeanaidhean
- A bhith a’ soidhnigeadh dheth air stuthan dà-chànanach, fiosan naidheachd agus teachdaireachdan eile
- A’ toirt sùil agus a’ soidhnigeadh dheth air so-mhain bhidio foillseachaidh airson-ùrlaran sòisealta, mar a dh’fheumar
- Thoir comhairle ro-innleachdail is practaigeach do cho-obraichean aig àm coimiseanaidh a thaobh comas PR agus follaiseachd choimiseanan
- Dealbhaich PR timcheall air tachartasan a’ gabhail a-steach gairmean coimiseanaidh, conaltradh roinne, tairgsean, làithean riochdairean msaa
- Stiùirich coinneamhan sgioba buntainneach a-staigh agus coinneamhan luchd-ùidh/com-pàirtichean taobh a-muigh
- Stiùirich cothroman *cross-promotion* le co-obraichean margaidheachd BBC
- Stiùirich inntigidhean agus gnìomhachd sna meadhanan a thaobh duaisean gnìomhachais
- Stiùirich duaisean chùmhnanntan do bhuidhnean agus feadhainn eile agus dèan cinnteach à coileanadh chùmhnanntan
- Riosgan a chuidicheas neach-dreuchd a riaghladh – call no lùghdachadh ann am faicsinneachd bhrann(an)
- Riosgan air a bheil neach-dreuchd mothachail – ionmhasail, tèarainteachd, dìomhair, malairteach agus cliù MG ALBA agus a’ BhBC;
- Feumaidh neach-dreuchd uile a bhith mothachail air riosgan. Tha e mar dhleastanas air gach neach riosgan, riosgan a dh’fhaodadh a bhith air am faicinn, lughdachadh riosgan agus/no cùisean a dheasbad leis a’ mhanaidsear aca no le buill Buidheann Riosg Corporra.

Riosgan a tha buntainneach don obair

Bu chòir gum biodh na sgilean agus na comasan a leanas aig an neach dreuchd:

Sgilean bunaiteach	Deatamach	Miannaichte
Teisteanasan / eòlas	Teisteanasan buntainneach agus/no eòlas air dreuchd PR aig àrd ìre, margaidheachd agus/no foillseachadh phrògraman agus/no dreachd margaidheachd didseatach	
		Meadhanan craolaidh no riochdachadh

		Eòlas a bhith a' stiùireadh sgioba beag
Knowledge	Sàr eòlas obrach air cruth-tìre nam meadhanan didseatach/sòisealta Tuigse air agus ceanglaichean taobh a-staigh roinn nam meadhanan clò-bhuailte	Eòlas air Monday.com no siostam riaghlaidh sruth-obrach coltach ris Lìonraidhean mu thràth ann an roinn nam meadhanan craolaidh
Sgilean	Comas iomadh gnìomh a riaghladh gu neo-eisimeileach, prìomhachas a thoirt do rudan gu h-èifeachdach agus coinneachadh ri cinn-latha Sàr sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh (labhairteach agus sgrìobhte) ann an Gàidhlig agus Beurla Comas teachdaireachdan soilleir is goirid a chruthachadh gu raon de luchd-amais airson meadhanan traidiseanta agus didseatach Comas pròiseactan/toradh a stiùireadh Comas trioblaidean fhaicinn ro-làimh, a' toirt seachad fuasglaidhean, molaidhean agus àrdachadh ann an dòigh thràthail agus èifeachdach Sàr sgilean eagrachaidh is dealbhadh Aire do mhion-fhiosrachadh agus comas obrachadh gu sùbailte thar phròiseactan/sgiobaidhean Comas dàta a mhìneachadh agus a dhealbhadh gu lèirsinneach agus aithisgean agus taisbeanaidhean àrd-inbhe a chruthachadh airson co-obrachaidhean, manaidsearan agus am bòrd Comas sàr dhàimhean obrach a thogail agus a chumail suas a-staigh agus a-muigh Sgilean làidir Microsoft Office (a' gabhail a-steach Word, Excel, Teams PowerPoint)	
Riathanasan cànan	Sàr-sgilean conaltraidh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, le comas tuigse, labhairt agus sgrìobhadh sa Ghàidhlig aig ìre C1 no nas àirde a rèir frèam-obrach FICE - faic FICE	

Giùlan	• A' togail dhàimhean gu furasta • Math ann an sgioba • Cogaiseach • Ionracas • Earbsachd • Sgilean eadar-phearsanta • Foraiseach & rannsachail gu nàdarrach • Dìomhaireachd • Ìre àrd de dhealas do leasachadh proifeasanta is pearsanta	• Socially aware • Commitment to EDI
---------------	---	---

Fad:

Maireannach

SANAS

Tha sinn a' sireadh **Manaidsear PR is Margaidheachd** gus MG ALBA a chuideachadh ann a bhith a' neartachadh pròifil, ruigsinneachd agus buaidh BBC ALBA, LearnGaelic agus SpeakGaelic.

'S e dreuchd eadar-mheasgte agus cruthachail a tha seo aig cridhe nam meadhanan Gàidhlig. Bidh thu a' dealbhadh agus a' lìbhrigeadh gnìomhachd PR is margaidheachd, a' leasachadh teachdaireachdan dà-chànanach soilleir, ag obair leis na meadhanan agus com-pàirtichean, agus a' cleachdadh lèirsinn luchd-amais gus mothachadh, conaltradh agus ceangal a thogail.

Bidh thu ag obair gu dlùth le co-obraichean, riochdairean, buidhnean agus com-pàirtichean bhon taobh a-muigh gus ar prògraman, sgeulachdan agus branndaichean ionnsachaidh fhoillseachadh le àrd-amas, cruthachalachd agus cùram. Bidh an dreuchd freagarrach do chuideigin a tha eagraichte, co-obrachail agus misneachail ann a bhith a' cruthachadh conaltraidh airson diofar luchd-amais.

Ma tha beachdan ùra, sgilean conaltraidh làidir sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, breithneachadh làidir agus dòghras agad airson cuideachadh le meadhanan Gàidhlig ceangal a dhèanamh ri luchd-amais, bu toil leinn cluinntinn bhut.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochair, nam measg:

- Sgeama peinnsein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnail + 6 saor-làithean poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd *gym*
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-là dùnaidh airson tagraidhean, **Diluain 3 Lùnasdal 2026 aig 12f.** Cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Tha MG ALBA dealasach a thaobh co-ionannachd chothroman agus a' cur fàilte air tagraidhean bho neach sam bith le teisteanasan iomchaidh ge bith dè an aois, ciorram, ath-shònrachadh gnè, pòsadh is com-pàirteachas catharra, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, creideamh, gnè no suidheachadh gnè a th' aca.

Ma tha feum agad air atharrachaidhean reusanta sam bith rè a' phròiseas fastaidh, cuir fios gu HR agus bidh sinn toilichte bruidhinn mu na riatanasan agad.

Stiùireadh airson Tagradh:

Cuiribh ur **Cunntas-beatha agus litir còmhdaich** gu **hr@mgalba.com** a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thuigse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MG



ALBA

MÒRAN TAING!

